

19 Lùnastal 2025

A phàraint/neach-cùraim chòir,

Sa Giblean 2025, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba agus Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim air Bun-sgoil agus Clas-àraich an t-Òib - Leverhulme Memorial Primary School and Nursery Class. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair Sgoil an t-Òib.

- Tha Ceann-an-gníomh na Sgoile a' stiùireadh gu h-èifeachdach le ionracas, co-fhaireachdann agus amas làdir air fuasglaidhean. Tha i a' faighinn deagh thaic bho luchd-obrach a bhios a' cur math na cloinne aig cridhe an cuid obrach. Bidh luchd-obrach a' toirt phròiseactan air adhart gu h-èifeachdach gus an sgoil a leasachadh.
- Anns an sgoil, bidh Ceann-an-gníomh na Sgoile agus an luchd-obrach a' cleachdad a' fèin-luachadh gu cunbalach agus gu ciallach, air a dhealbhadh a rèir an t-suidheachaidh aca. Bidh sgioba an luchd-obrach a' cumail suas ire àrd de dh'ionnsachadh agus rannsachadh proifeasanta, gu h-àraidh ann an dòighean-teagaisg bogaidh agus dòighean-teagaisg èifeachdach.
- Anns an sgoil agus an sgoil-àraich, tha clann nan luchd-ionnsachaidh dioghrasach agus deònach a gheibh buannachd bho shàr eòlasan ann an raon de shuidheachaidhean. Tha iad sin air an stiùireadh leis an sgioba luchd-obrach, a' choimhearsnachd agus compàrtichean. Bidh clann a' leasachadh deagh fhiosrachadh agus sgilean fior-bheatha a bhuineas don eilean aca, agus a tha a' brosnachadh sunnd agus co-ionannachd.
- Anns an sgoil, bidh clann a' dèanamh adhartas èifeachdach ann an littearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Tha iad air an cuideachadh gu mòr le mìneachaidhean soilleir an luchd-obrach. Anns an sgoil-àraich, bidh an luchd-obrach a' cleachdad sàr eadar-obrachaidhean agus Gàidhlig airson taic a thoirt do chluich na cloinne.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra le Ceann na Sgoile agus riochdaire bho Chomhairle nan Eilean Siar.

- Leasaich pròiseasan anns an sgoil-àraich gus leigeil leis an luchd-obrach fios a bhith aca air, agus a chur an gníomh, na soirbheasan aca agus na h-ath cheumannan airson leasachadh.
- Lean air adhart ag ath-stèidheachadh sgoil-àraich làn-ùine a rèir dùilean nàiseanta a thaobh clann a' leasachadh fileantachd ann an Gàidhlig tro làn-bhogadh.
- Lean air adhart a' togail buileachadh agus a' neartachadh sgilean chloinne ann a bhith a' sgrùdadh theacsaichean agus a' deasbad chùisean.

- Lean air adhart a' leasachadh dòighean-obrach measaidh gus adhartas chloinne a chlàradh thar gach raon den churraicealam.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdad a' cleachdad ceithir slatan-tomhais deagh-ghnè à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn \(4mh eagran\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus càram cloinne?](#). Bidh slatan-tomhais deagh-ghnè a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh airson breithneachadh air dè a tha ag obair gu math agus dè a dh'fheumar leasachadh. An dèidh sgrùdad a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fios mu na luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

## Seo luachadh Foghlam Alba airson Bun-sgoil agus Clas-àraich an t-Òib - Leverhulme Memorial Primary School and Nursery Class

Comharran càileachd airson irean na bun-sgoile	Luachadh
Ceannardas atharrachaidh	glè mhath
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	glè mhath
A' dèanamh cinnteach à sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	glè mhath
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
Gheibhear tuairisgeul air an luachadh ann an: <a href="#">Dè cho math 's a tha an sgoil againn (4mh eagran)</a> . Eàrr-ràdh 3: An sgèile sia puing	

Comharran càileachd airson na sgoil-àraich	Luachadh
A' stiùireadh atharrachadh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
A' seulachadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	math
A' dèanamh cinnteach gun dèan a' chlann adhartas	riarachail
Gheibhear tuairisgeulan air an luachadh ann an: <a href="#">Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus càram cloinne?</a> Eàrr-ràdh 1: An sgèile sia puing	

Chruinnich sinn fianais gus am b' urrainn dhuinn an suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus càram-cloinne a luachadh a' cleachdadh nan slatan-tomhais deagh-ghnè bhon Fhrèam-obrach càileachd airson càram-latha cloinne, luchd-aire cloinne agus càram-cloinne aig aoi sgoile. Bidh am frèam-obrach a' cuideachadh shuidheachaidhean, luchd-solair agus luchd-sgrùdaidh gus measadh a dhèanamh air dè tha ag obair gu math agus dè a dh'fheumar leasachadh. An dèidh sgrùdadadh a dhèanamh air gach suidheachadh, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fiosrachadh mu na luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha tràth-ionnsachaidh agus càram-cloinne a' dèanamh. Tha luachaidhean Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim cuideachd air an cleachdadh le ùighdarrasan ionadail nuair a thathar a' beachdachadh air mar a tha suidheachaidhean a' coileanadh na h-inbhe nàiseanta airson tràth-ionnsachadh agus càram-cloinne maoinichte.

### Is e seo luachadh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim airson an t-suidheachaidh tràth-ionnsachaidh agus càram-cloinne:

Luachadh mionaideach	Luachadh
<b>Prìomh cheist 1:</b> <b>Dè cho math 's a tha ar càram, cluich agus ionnsachadh?</b>	math
<b>1.1 Càram agus taic àraich</b>	math
<b>1.3 Cluich agus ionnsachadh</b>	math
<b>Prìomh cheist 2:</b> <b>Dè cho math 's a tha an suidheachadh againn?</b>	math
<b>2.2 Tha sàr ghoireasan aig a' chloinn</b>	math
<b>Prìomh cheist 3:</b> <b>Dè cho math 's a tha an ceannardas againn?</b>	math gu leòr
<b>3.1 Tha dearbhadh càileachd agus leasachadh air an deagh stiùireadh</b>	math gu leòr
<b>Prìomh cheist 4:</b> <b>Dè cho math 's a tha sgioba an luchd-obrach againn?</b>	math
<b>4.3 Cleachdadadh luchd-obrach</b>	math

Riatanasan a chomharraich Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim airson an t-suidheachaidh tràth-ionnsachaidh is càram-cloinne

Cha robh riatanasan no raointean leasachaidh sam bith aig an t-suidheachadh san sgrùdadadh mu dheireadh a rinn Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim. Mar thoradh air an sgrùdadadh seo, chan eil riatanas sam bith ann agus tha dà raon leasachaidh ann.

### Raon leasachaidh

Gus dèanamh cinnteach gum bi clann a' faighinn sàr eòlas air cluich is ionnsachadh, bu chòir do mhanaidsear agus solarache na sgoil-àraich dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach a' faighinn cothrom air trèanadh agus ga chur an sàs ann an cleachdadadh.

Tha seo airson dèanamh cinnteach gu bheil càram is taic a rèir nan Inbhean Slàinte agus Cùraim Shòisealta (HSCS), a tha ag ràdh: 'Tha mi a' faighinn taic gus mo chomas a choileanadh ann am foghlam agus cosnadh ma tha seo ceart dhomh' (HSCS 1.27) agus 'Tha mi a' faighinn sàr chùram is taic stèidhichte air fianais, stiùireadh agus deagh chleachdadadh buntainneach' (HSCS 4.11). Tha seo gus dèanamh cinnteach gu bheil sgilean is eòlas luchd-obrach a rèir stiùireadh cleachdaidh nàiseanta airson tràth-bhliadhnaichean ann an Alba 'A' coileanadh a' chomais: Mi fhìn.'

Airson taic a thoirt don t-seirbheis gus na neartan agus na raointean aca airson tuilleadh leasachaidh a chomharrachadh, bu chòir don t-solarache na pròiseasan dearbhadh càileachd aca a leasachadh tuilleadh. Bu chòir gum bi seo a' gabhail a-steach, ach gun a bhith cuibhrichte ri:

- (a) Pròiseasan làidir a leasachadh airson sgrùdadadh a dhèanamh air planaichean pearsanta agus irisean ionnsachaidd chloinne.
- (b) Sgrùdadadh a dhèanamh air modhan-obrach seirbheis agus cleachdadadh luchd-obrach.

Tha seo gus dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh is ceannardas a rèir nan Inbhean Slàinte agus Cùraim Shòisealta, a tha ag ràdh: "Tha mi a' faighinn buannachd bho chultar de leasachadh leantainneach, le pròiseasan dearbhadh càileachd làidir is follaiseach aig a' bhuidhinn." (HSCS 4.19)

Bidh sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidich, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF) ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:

[Sgoil an t-Òib | Aithisg Sgrùdaidh | Foghlam Alba.](#)

### Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhair sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadadh seo. Bheir Comhairle nan Eilean Siar fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Mar thoradh air co-dhùnaidhean agus luachadh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim, thèid beachdachadh air barrachd eadar-theachdan sgrùdaidh gus taic a chumail ri leasachaidhean anns an t-suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus càraim-chloinne.

Joan C. Esson  
Neach-sgrùdaidh an Rìgh

Annemarie O'Brien  
Neach-sgrùdaidh Cùraim